

Comataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean MG ALBA

(coinneamh dàlach [adjournment] bhon Dùblachd 2020)

15/1/21, 0930-1100

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Buill:	Iain Stephen Moireasdan (sa Chathair)	Màiri Kidd
	Ailean Dòmhnullach	Lisa Annette
	Rhoda NicDhòmhnaill	

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul (An t-Àrd-Oifigear)
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair)
Neil M Ghreumach (Stiùiriche Ionmhais)
Donald Dòmhnullach (Manaidsear Gníomhachais)
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis) [airson puing 3 a thaobh gnothaichean co-cheangailte ris an luchd-amhairc]

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2 Gnothach Dearbhte

2.1 Nochd Màiri Kidd ùidh a thaobh Sgrion Alba gun fhios nach tigeadh an deasbad timcheall chun sin.

3. Dràma

3.1 B' e sìneadh air coinneamh na Comataidh air 15 Dùblachd 2020 a bha seo le soillearachadh air cuid de na puingean agus bha am pàipear air beulaibh bhall ri leughadh ann an co-theacs a am pàipear a bha fan comhair san Dùblachd.
3.2 Bha oifigearan a' sìreadh aonta na Comataidh na molaidhean a bha fan comhair a mholadh chun bùird. B' e sin riarrachadh buidseit agus ro-innleachd a thaobh maoin airson dràma airson na 3 bliadhna 2021/22, 2022/23 agus 2023/24 aig £1.1m airson a' chiad bhliadhna

agus £1.05m airson an dàrna agus an treas bliadhna (agus an cois sin, atharrachadh ann am miann a' Bhùird mar a chaidh a chur an cèill san Ògmhios 2019).

- 3.3 Bha am pàipear air a sgrìobhadh bho sheadh gur e *augmentation* an ro-innleachd ionmhais airson maoineachadh dràma treas pàrtaidh agus chan e *substitution*.
- 3.4 Chaidh a chomharrachadh nach fheumadh a' Chomataidh beachdachadh air pròiseactan sònraichte agus aig an àm cheart, beachdaichidh am Bòrd air prògraman sònraichte a chosgas còrr air £100k san uair agus gur e adhbhar na coinneimh seo gu bheil ro-innleachd dràma, riarrachadh ionmhasail agus toraidhean ris am biodh dùil air an aontachadh. Beachdaichidh oifigearan air diofar phròiseactan as urrainn na toraidhean a lìbhrigeadh taobh a-staigh nam buidseatan a chaidh a thoirt seachad agus ma dh'fheumas buidseatan atharrachadh, thig sin air ais chun Chomataidh ma tha an t-atharrachadh seachad air crìochan ùghdarrais an Àrd-Oifigeir.
- 3.5 Chaidh iomradh a thoirt air stiùir a' bhùird ann an 2019. San Ògmhios 2019 (as dèidh deasbad beòil seach pàipear le moladh) mhol am Bòrd na leanas: "Chaidh moladh leis a' Bhòrd, agus chaidh aontachadh leotha, gu robhas ag iarraidh air oifigearan – nuair a bha a' chùmhant a tha ann an-dràsta air crìoch a ruighinn - dràma a libhrigeadh airson BBC ALBA thairis air 3 bliadhna, le luach co-dhiù £1.5m gach bliadhna. Bhiodh am Bòrd deònach £0.5m de dh'airgead MG ALBA a chur ris gach bliadhna airson 3 bliadhna (£1.5m gu h-iomlan) agus thigeadh an còrr (£1m gach bliadhna, no £3m thairis air 3 bliadhna) bho bhuidhnean eile."
- 3.6 Chaidh innse gun deach oifigearan an sàs ann a bhith a' trusadh taic airson ro-innleachd co-maoineachaidh airson dràma a rèir stiùir a' Bhùird. A-mach à sgaoileadar, am BBC agus Sgrìon Alba, 's e Sgrìon Alba as dualtaiche a bhith mar thobar gus cur ri airgead MG ALBA ann an dòigh brìghmhor. Ach às dèidh grunn choinneamhan, b' e co-dhùnadh nan oifigear nach eil coltas ann gum faighear an co-maoineachadh a bhiodh a dhìth airson dùblachadh £0.5m pa, a cheadaicheadh pròiseact aig £1m pa – i.,e. nach biodh co-maoineachaidh comasach air bun-stèidh substitution.
- 3.7 Chaidh innse mura deighear air adhart le £0.5m pa (seach £1m mar an status quo) airson dràma, 's e an cunnart nach rachadh co-maoineachadh fhaighinn, agus leis an sin: gum biodh 1.25 uair a thìde de dhràma air an t-seanail sa bhliadhna (seach 2.5); gum biodh sin na cheum air ais dhan luchd-coimhid ann an gnè a tha fianais gu cunbalach a' dearbhadh a tha cudromach, nam measg do luchd-coimhid òga; gum biodh e na cheum air ais a thaobh leasachadh a' ghnìomhachais; gur ann nas lugha a bhiodh cothroman a thaobh co-maoineachadh seach nas mothà; agus nan cuireadh an sàbhaladh gu gnè eile, nach biodh an aon bhuaidh ann dhan luchd-coimhid.

- 3.8 Chaidh deasbad fharsaing a chumail agus b' iad na prìomh phuingean deasbaid:
- 3.9 Chaidh a chuir an cuimhne nam ball gun deach càite an robhas air an t-slighe, an dà chuid le na companaidhean riochdachaidh agus le buidhnean leithid Sgrion Alba gus a bheil e aithnichte dhaibh gun urrainnear prògraman Gàidhlig aig àrd ìre a libhrigeadh a dheasbad aig coinneamh an Dùblachd.
- 3.10 Chaidh iomradh a thoirt air buaidh nam meadhanan Gàidhlig agus na bhios aonta na Comataidh a' ceadachadh a thaobh co-mhaoineachadh eadar-nàiseanta agus a thaobh pròiseactan àrd-amasach, stèidhichte air *augmentation* seach *substitution*.
- 3.11 Chaidh a dhaingneachadh dè an diofar eadar *augmentation* agus *substitution* – nuair a thèid buidheann mar MG ALBA gu maoineadar leithid Sgrion Alba, chan eil iadsan a' faicinn an ròl acasan a bhith a' dèanamh *substitution* air maoin a bu chòir craoladair a chuir a-steach gu pròiseact. Tha iad a' lorg dealas bhon bhuidhne mus beachdaich iad ri bhith a' cur ris a' mhaoin a th' againn.
- 3.12 Chaidh iomradh a thoirt air a' bhuaidh agus an luach as urrainn do ghnè dràma a thoirt a thaobh creideas anns na meadhanan Gàidhlig – gnè faicsinneach agus a tha a' bualadh thar ginealach gu maith an luchd-amhairc. Bha aonta ann le buill gu robh iad soilleir a thaobh ro-innleachd na buidhne a thaobh dràma agus gu robh tuigse ann bhon Chomataidh agus bhon Bhòrd cho riatanach 's a tha dràma agus gu bheil na h-argamaidean airson sin soilleir.
- 3.13 Chaidh fàilte mhòr a chuir air toraidhean phrògraman chloinne agus gu robh mòr mhiann ann gun tigeadh toradh bhon obrach sin.
- 3.14 Thuirt Cathraiche a' Bhùird gu bheil an t-suim de £3m na shùim gu math beag san dealbh ionlan agus gur e tàmailt a th' ann gur e MG ALBA a-mhàin a tha a' feuchainn ri dràma a leasachadh.
- 3.15 Chaidh faighneachd dè bha am BBC a' cur gu dràma Gàidhlig agus an deach iarraidh orra airgead a chuir gu ruige dràma. Chaidh innse gu bheil am BBC a' maoineachadh gnèithean phrògraman ach nach eil dràma nam measg ach gu bheileas air an dà phròiseact dràma air a bheileas a' bruidhinn sa phàipear air a bhith fa chomair àrd-riochdaire dràma a' BhBC agus thèid leantainn le na còmhraidhean sin leotha ach gu robh faireachdainn aig a' BhBC nach obraicheadh iad air an son. Chaidh a ràdh a-rithist gur ann bho thaobh obrachadh (operationally) a thigeadh am buaidh as fheàrr airson dràma bho thaobh a' BhBC.
- 3.16 Chaidh ceist a chuir a bheil BBC Worldwide fhathast co-cheangailte ris a' BhBC a thaobh sgaoileadh (distribution). Chaidh innse gu bheil e comasach fhathast pròiseactan a chuir fan comhair ach gu ruige seo nach eil ùidh air a bhith aca sna pròiseactan againn. Chaidh a chomharrachadh ma thathas a' sireadh airgid bhon BhBC airson dràma gu bheil

còmhraidhean gan cumail le coimisearan a' BhBC far an tèid beachdachadh air na pròiseactan bho sheadh na h-amasan aca fhèin son dràma. Bha aonta ann gu robh an t-àm ann rudan atharrachadh aig èire poileasaidh an dà chuid leis a' BhBC agus Alba Chruthachail agus chaidh a' cheist a chuir am bu chòir seo a bhith fo dheasbad eadar oifigearan nam buidhne aig àrd ire.

- 3.17 Chaidh a mhìneachadh gur ann tro MoU eadar am BBC agus Alba Chruthachail bho thaobh obrachaидh (operationally) a dh'fhaodadh cothroman a bhith ann an co-theacs a daoine, trèanadh agus leasachadh agus gur ann an sin a tha an t-inneal a bhios cuideachail a thaobh maoin practaigeach a thaobh trèanadh agus leasachadh luchd-obrach.
- 3.18 Ann an co-theacs a Sgrion Alba dheigheadh cumail a' dol ann a bhith a' dearbhadh dè as urrainn do na meadhanan Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a leasachadh. Tha coinneamhan soirbheachail agus feumail air a bhith ann leotha agus gu bheil iad ann am prionnsabal tuigseach air ar n-amasan agus ar saoghal agus dè tha sinn a' feuchainn ri choileanadh - tha iad ag èisteachd agus tha sinn air slighe còmhla riutha.
- 3.19 Chaidh a chomharrachadh gur doch a gum biodh e feumail còmhraidhean ro-innleachdail a thòiseachadh le Riaghaltas na h-Alba a thaobh a bhith a' cur an cèill MoU le Sgrion Alba airson Gàidhlig.
- 3.20 Chaidh a chomharrachadh gu bheil ana-chothrom ann bho thaobh MG ALBA gu structurail agus gum biodh e feumail seo a thoirt air adhart bho thaobh atharrachadh poileasaidh le taic bho Fiona Hyslop BPA.
- 3.21 Chaidh a chomharrachadh gur doch a gum bu chòir còmhraidhean a bhith ann le Alba Chruthachail seach le Sgrion Alba agus conaltradh fosgladh le Cathraiche Alba Chruthachail sa chiad dol a-mach seach a bhith a' dol gu dìreach gu Riaghaltas na h-Alba.
- 3.22 Chaidh a chomharrachadh gur e co-bhanntachd a th' ann an Sgrion Alba agus gu bheil àite aig MG ALBA timcheall a' bhùird agus gum bu chòir a bhith ag obair còmhla ach gu robh aithneachadh ann gu robh mi-thuigse ann an e maoineadair no craoladair a bh' ann an MG ALBA. Chaidh aontachadh gur e an dòigh air adhart conaltradh a bhith ann eadar Cathraiche, Bòrd agus AO gach buidheann a thigeadh fuasgladh.

Dh'fhàg Mairead Màiri Mhoireach a' choinneamh.

- 3.23 Gu ro-innleachdail, bha Cathraiche a' Bhùird den bheachd gu bheil feum air deasbad nas fharsaing aig èire bùird airson a bhith a' deasbad ciamar a tha am buidheann a' cosg an cui

- airgid. Nan robhas soirbheachail ann a bhith a' glèidheadh an tuilleadh airgid stèidhichte air amasan ar Lèirsinn, dè an t-airgead ùr a bhios ann agus càite an deigheadh a chosg.
- 3.24 A' leantainn seo chuir ball ceist a thaobh dè an ìre gu bheileas a' dealbhachadh nithean gu ro-innleachdail a thaobh pròiseactan sònraichte. Chaidh innse gum bi cothrom ann sin a dhèanamh nuair a bhios beachdan gan leasachadh ach gur e an-dràsta rud a thathas a' sireadh 's e ro-innleachd dràma seach pròiseactan fa leth agus gum bi cothrom ann coimhead ri KPlan nuair a thèid sùil air thoirt air pròiseactan sònraichte ach gu robhas an-dràsta a' coimhead ri ro-innleachd airson na pròiseactan sin a cheadachadh.
- 3.25 Chaidh aontachadh gum biodh e feumail nam biodh frèam-obrach aig buill a' sealtainn air dè cho coltach 's a bhiodh e teachd a-steach fhaighinn bho dhiofar phròiseactan.
- 3.26 Chaidh ceist a chuir an robhas mar bhuidheann a' dol an sàs ann am beachdan phrògraman bho sheadh coimearsalta tràth gu leòr agus am bheil an t-àm ann pròiseact dràma a chuir an cèill a tha coimearsalta sa chiad àite. Ged as docha nach b' ann airson a' choimhairsnachd Gàidhlig a bhiodh seo gum b' fhiach sealtainn ris gus argamaidean eadar-dhealaichte a dhèanamh le buidheann eile leithid HIE agus Riaghaltas na h-Alba. Mura biadhamaid soirbheachail ann a bhith a' glèidheadh airgid a bharrachd sna bliadhnaichean air thoiseach gur 's docha am b' fhiach coimhead ris seo mar chuspair.
- 3.27 Chaidh ceist a chuir an robhas a' déanamh gu leòr dubbing a thaobh prògraman dràma. Chaidh innse ged a thathas air pròiseactan an siud 's an seo a dhèanamh gum b' fhiach coimhead ris a thuilleadh air originations.
- 3.28 **Co-dhùnadh:** 1) Dh'aontaich a' Chomataidh moladh a thoirt don bhùird gu lean maoineachadh dràma aig ìre £1m pa, agus gu sònraichte gun comharrach MG ALBA £3.2m thairis air 3 bliadhna airson dràma airson BBC ALBA; 2021-22 £1.1m 2022-23 £1.05m 2023-24 £1.05m; 2) thèid seo a shealltainn anns a' Phlana Obrachaidd 2021-22 agus anns a' Phlana Corporra 2021-22 gu 2023-24, 3) thèid gabhail ris gu foirmeil anns a' Phlana Obrachaidd 2021-22 agus anns a' Phlana Corporra 2021-22 gu 2023-24.
- 3.29 **Gniomhan:** 1) thèid seo air beulaibh a' Bhùird sa Mhàrt 2021 airson aonta; 2) thèid deasbad nas fharsaing a chumail aig ìre bùird airson a bhith a' deasbad ciamar a tha am buidheann a' cosg an cuid airgid. **(MAMI)**

4. GISBE

- 4.1 Covid-19 – bho sheadh phrògraman chaidh a chomharrachadh gur ann air Bannan a bhios am buaidh as mothà. Ged a chaidh feuchainn ri cùisean a làimhseachadh ri linn a' ghluasad gu Tier 4, tha e a-nis air a thighinn am follais gu bheil fo-chosgais (underspend) gu bhith ann

oir chan eil e gu bhith comasach Bannan a chlàradh agus feumar an t-airgead air a shon a chumail air ais chun ath-bhliadhna. Thathas ann an còmhraidhean le Riaghaltas na h-Alba gus sin a dhèanamh comasach. Thig seo fa chomair a' Chomataidh agus am Bòrd co-dhiù sa Ghearran ach thug buill taing airson an ro-shealladh air gnothaichean.

5. Deit na h-ath choinneimh – 26/2/21.

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit:

